

## ***Maighdeann Ghrinn Loch Cheàrsanais***

Si maighdeann ghrinn Loch Cheàrsanais a dhùisg an-dràst' mo cheòl  
'S gun sgrìobh mi anns a' Ghàidhlig mu h-àilleachd is a bòidhch':  
Gu sunndach loinneil rì omhach i 's i sì obhalta gun phròis  
Mar ghathan blàth' gréine madainn chéitein a' tighinn òirnn.

Tha cridhealas an t-samhraidh 'nad ì omhaigh choibhneil chòir,  
Mar dhealt air bhàrr nam flùran tha bilean rùin do cheòil;  
Mar rionnag anns an iarmailt air oidhche bhriagha reòdht'  
Tha deàrrsadh do shùilean a' toirt ar sùgradh beò.  
Gur binne leam do chòmhradh na crònan uillt nam beann,  
Cho fonnmhor ri smeòrach tha cur ceòlraidh feadh nan gleann;  
Do dheud mar shneachd san fhaoilteach 's mar fhaoileag air bhàrr thonn  
'S mar chanach ùr air mòintich nuair tha 'n t-Ògmhios a' tighinn teann.

Mar bhogha-frois san Lùnastail tighinn dlùth ri àm na buan'  
Tha do chuailean rì omhach 's na cìrean dol 'na dhuail;  
Tha aoibh is dreach tha sònraichte a' còmhdachadh do shnuaidh —  
Gun dealbhaich mi 'nad bhòidhchead thu ri ròsan anns na cluain.